

**Bòrd MG ALBA**

Coinneamh Shònraichte

Air fòn bho Glaschu agus Steòrnabhagh

Diluain 21 Dùbhlachd 2015, 1000-1200

An Làthair: Daibhidh Brew (sa Chathair); Jo NicDhòmhnaill; Catriona Nic a' Phi; Iain Stephen Moireasdan; Donnie MacAmhlaigh

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul; Alan Esslemont; Iseabail Nic an t-Sagairt, Niall Greumach; Chris Dòmhnallach

Leisgeulan: Magaidh Choineagan; Alasdair MacCaluim; Dugald MacAmhlaidh

**Plana Obrachaidh 2016/17**

Chaidh na leanas aontachadh:

- Às aonais fios le cinnt a thaobh dè an airgead a thigeadh an dà chuid bho Riaghaltas na h-Alba agus bhon BhBC, bha e duilich bhersion cunbhalach a chuir gu Ofcom.
- Chaidh aontachadh gun deidheadh memo an cois a' phlana a' toirt mìneachadh gu bheileas a' beachdachadh air dà roghainn – scenario A far am biodh ar buidseatan stèidhichte air ar prìomh bhuidseat de £11.8m agus scenario B far am biodh maoin a bharrachad a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba ann an 2016/17. Ann an scenario B, dheigheadh an airgead seo, ann am prionnsabal, a chosg air cuairt coimiseanaidh.
- Chaidh aontachadh nach robh e comasach poileasaidh/ prìomhachas ghnèithean a stèidheachadh gus am biodh soilleireachadh airgid ann bhon BhBC.
- Chaidh aontachadh gu robh prìomhachasan aig a' bhuidheann (core work) agus rudan a bu mhiann leinn a dhèanamh (wish list)
- Clàr-ama - thèid dreach gu Ofcom air 22/12/15. Air 21/1/16, bidh coinneamh eadar MG ALBA agus Ofcom far an tèid ceistean a chuir agus freagairtean an sireadh. An dèidh sin, thèid bhersion dheireannach gu Ofcom airson aire Content Board.

- PR - chaidh aontachadh plana conaltraidh a dheasachadh airson an dà mhios tha romhainn. Dheigheadh dad sam bith a bhathas a' sùileachadh a sgaoileadh (PR) a cho-roinn le Riaghaltas na h-Alba.
- [GLÈIDHTE: còmhraidh mun Aonta leis a' BhBC agus mu dhreachd mholaidhean a' Phlana Obrachaidh.]